

## Bòrd na Gàidhlig

### POILEASAIDH NÀISEANTA AIR DÀ-CHÀNANAS ANN AN AINMEAN-ÀITE

*Faic gu h-ìosal airson beag-fhaclair agus  
airson eisimpleirean gnìomhachaidh*

**a) Ainm stèidhte Gàidhlig ga chur gu feum,  
dàimh ris an ainm-mapa ann no às**

An t-ainm Gàidhlig ga ghleidheadh sa Ghàidhlig. Gnàthsan litreachaidh gan cur gu feum, mura h-eil adhbhar air leth ann.

**b) Ainm-mapa na eadar-theangachadh no na  
mhùthadh de dh'ainm as lèir Ceilteach**

An t-ainm Ceilteach ga thoirt air ais sa Ghàidhlig, le ath-chruthachadh no Gàidhlig nodha, tro eadar-theangachadh le co-bhunaich Ghàidhlig agus/no mùthadh gu litreachadh Gàidhlig (nuair as urrainn do litreachadh nodha na Gàidhlig teannadh ris an fhuaimneachadh am Beurla Choitcheann na h-Alba).

**c) Ainm-mapa ann an Scots no Beurla, le  
bunachas a tha follaiseach**

An t-ainm Gàidhlig ga dhèanamh tro eadar-theangachadh, le stiùir bho cho-eisimpleirean Gàidhlig (le cuideam ga chur air àbhaistean ionadail no roinneil) agus le ais-eadar-theangachadh bhon Ghàidhlig a bhios soilleir.

**d) Ainm-mapa ann an Scots no Beurla no  
cànan cèin, gu tur no am pàirt**

Ainm cuimseachail ga mhùthadh gu litreachadh Gàidhlig, mas urrainn do litreachadh nodha na Gàidhlig teannadh ris an fhuaimneachadh am Beurla Choitcheann na h-Alba (ach a' seachnadh saobh-bhunachas Gàidhlig).

**e) Ainmean dàrnach agus ainmean mùthte**

Ainm dàrnach ga làimhseachadh a rèir a' bhun-ainm, mar gu h-àrd. Thèid mùth-fhaclan coitcheann Gàidhlig a chur gu feum a-ghnàth, mura bi cleachdadh dhan chaochladh stèidhte.

## Bòrd na Gàidhlig

### NATIONAL POLICY ON BILINGUALISM IN PLACE-NAMES

*See below for a glossary and  
for examples of application*

**Established Gaelic name in current use,  
whether or not related to the map name**

Gaelic name is retained for Gaelic use. Orthographic conventions to be applied, other than in exceptional circumstances.

**Map name is a translation or adaptation  
of an identifiably Celtic predecessor**

Celtic name revived for Gaelic use, either in reconstructed or modernised Gaelic form, by translation with Gaelic cognates and/or adaptation to Gaelic orthography (where modern Gaelic orthography can closely approximate the Scottish Standard English pronunciation).

**Map name is in Scots or English, with a  
transparent etymology**

Gaelic name formed by translation, informed by Gaelic parallels (with weight given to local or regional norms) and allowing for clarity of back-translation from Gaelic.

**Map name is in opaque Scots or English  
or foreign language, wholly or partly**

Focal name adapted to Gaelic orthography, if modern Gaelic orthography can closely approximate the Scottish Standard English pronunciation (but avoiding false Gaelic etymology).

**Secondary names and modified names**

Secondary name treated in line with the core name, as per above. Standardised translations of modifiers to be the default in the absence of established usage to the contrary.

| <b>Beag-fhaclair</b>   |  |
|------------------------|--|
| ainm cuimseachail      | ainm a tha suaicheanta a-mach às a' cheàrnaidh (faic gu h-ìosal)                                       |
| ainm dàrnach           | ainm a tha a' gabhail a-staigh ainm-àite eile  |
| ainm-mapa              | an t-ainm air a' mhapa a tha an co-cheangail ris an fheart (gu sònraichte map OS)                      |
| ais-eadar-theangachadh | obrachadh air ais chun an ainm thùsail bho eadar-theangachadh  |
| co-eisimpleirean       | ainmean co-ionann no coltach a bhios a' nochdadh pàtranan structair no cèille                          |
| co-bhunach             | facal dàimheach ann an cànan eile  |
| eadar-theangachadh     | a' gabhail a-staigh eadar-theangachadh bloigheach  |
| follaiseach            | is lèir am bunachas do neach cumanta aig a bheil Beurla Choitcheann na h-Alba                          |
| mùth-fhacal            | facal air a chur ri ainm gus an t-àite a shònrachadh barrachd (liosta Ghàidhlig ga cumail suas le AÀA) |
| mùthadh                | riochdachadh an fhuaim ann an dòigh-litreachaidh cànan eile  |
| teannadh ris           | a' riochdachadh an fhuaim le fiaradh ro bheag (me ro-anaileachadh)                                     |

| <b>Glossary</b>     |   |
|---------------------|---|
| adaptation          | process of representing the sound in the orthography of another language          |
| back-translation    | process of determining the original name from a translation                       |
| closely approximate | represent the sound with minimal divergence (eg pre-aspiration)                   |
| cognate             | related word in another language  |
| focal name          | name of note beyond the local area (see below)                                    |
| map name            | name associated with the feature as it appears on the map (typically OS map)      |
| modified name       | name includes an added word or words  |
| modifier            | word added to a name to further specify the place (Gaelic list maintained by AÀA) |
| parallels           | identical or analogous names indicating patterns of structure and semantics       |
| secondary name      | name includes another place-name  |
| translation         | includes part-translation   |
| transparent         | etymology is readily apparent to the average speaker of Scottish Standard English |

Ainmean Cuimseachail ri ghabhail a-staigh:

- ainmean bhailtean puist
- ainmean cuideachd air aonadan rianail os cionn ìre uàrd no paraiste
- ainmean cuideachd air ionadan siubhail a' frithealadh slighean roinneil no nàiseanta
- ainmean cuideachd air ionadan dualchais no turasachd aig ìre roinneil no nàiseanta

Focal Names to include:

- names of post towns
- names shared by administrative units above ward or parish level
- names shared by transport facilities serving regional or national routes
- names shared by regional or national heritage or tourist centres

Tha ainmean-mapa gam meas Gàidhlig, Scots no Beurla a rèir modh litreachaidh agus an co-theacs cànan an-diugh, ge b' e dè an cànan tùsail.

Map-names are considered Gaelic, Scots or English according to orthography and current language context, irrespective of the language of derivation.

## Eisimpleirean gnìomhachaidh

Thoiribh an aire nach ann ach airson beachd air a' phoileasaidh a tha na h-ainmean seo, agus gur dòcha nach iad a thèid a dhearbhadh le Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) no leis an acadamaidh-chànain Ghàidhlig a tha ri teachd.

## Examples of application

Note that these names are for illustration of the policy only, and may not reflect final decisions by Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) or the future Gaelic language academy.

|           |   |                    |                       |  |
|-----------|---|--------------------|-----------------------|--|
| <b>a)</b> | Gàidhlig bho thùs   | Airdrie            | An t-Àrd-Ruigh        | Gaelic original  |
|           | Ainm Gàidhlig fa leth   | Dingwall           | Inbhir Pheofharain    | Gaelic equivalent  |
|           | Ainm Gàidhlig fa leth;<br>litreachadh stèidhte aig<br>Comhairle na<br>Gàidhealtachd | Fort William       | An Gearasdan          | Gaelic equivalent;<br>orthography<br>determined by<br>Highland Council |
| <b>b)</b> | Gàidhlig bho thùs   | Garscadden         | Gart Sgadain          | Gaelic original  |
|           | Seann Ghàidhlig ga<br>nuadhachadh   | Shettleston        | Baile Nighean Sheadna | Modernised Gaelic<br>original  |
|           | Bho cho-bhunach<br>Ceilteach aig <i>càrn</i>  | Carntyne           | Càrn-Tìne             | From Celtic cognate of<br><i>càrn</i>                                  |
|           | Ainm Ceilteach air a<br>mhùthadh  | Giffnock           | Giofnag               | Celtic original adapted  |
| <b>c)</b> | Eadar-theangachadh  | Stevenston         | Baile Steaphain       | Gaelic translation   |
| <b>d)</b> | Ainm cuimseachail   | Hamilton           | Hamaltan              | Focal name   |
|           | Ainm cuimseachail;<br>ro-anaileachadh ga<br>chur a-steach                           | Lockerbie          | Locarbaidh            | Focal name;<br>pre-aspiration<br>introduced                            |
|           | Ciall nach eil<br>follaiseach; gun a bhith<br>cuimseachail                          | Hairmyres          | Hairmyres             | Meaning not obvious;<br>not a focal name                               |
|           | Sloinneadh gun a bhith<br>follaiseach   | Blairhill          | Blairhill             | Surname not obvious  |
| <b>e)</b> | Ainm air a mhùthadh   | East Kilbride      | Cille Bhrìghde an Ear | Modified name  |
|           | Ainm dàrnach  | Port Glasgow       | Port Ghlaschu         | Secondary name   |
|           | Ainm dàrnach ri<br>foirmle  | Edinburgh Waverley | Waverley Dhùn Èideann | Formulaic secondary<br>name  |